



# ceumannan 5

## ceumannan 5

**Pàipear-taic**

**Sgrìobtaichean Earrannan Bhidio**

*Video extracts scripts*

## C5-a1-bhidio1-1

### Ceumannan 5 Aonad 1

#### Earrannan bhidio

#### Earrann bhidio 1 an cois Eacarsaich

1. Na h-Innseachan
2. Timcheall na dùthcha
3. Bu chòir dhut tighinn ann

## C5-a1-bhidio1-2

Hai! Is mise Evander Mac an Tòisich agus tha mi ochd bliadhna deug. Rugadh agus thogadh mi anns Na Hearadh, ach an-dràsta tha mi air bliadhna a-mach a ghabhail airson beagan siubhail a dhèanamh mus tèid mi dhan oilthigh. Tha mi air a bhith anns Na h-Innseachan a-nis airson mu mhìos agus tha mi air tòrr fhaicinn.

Seo na deich rudan a b' fhèarr a chòrd rium fhad 's a bha mi a' siubhal timcheall na dùthcha.

## C5-a1-bhidio1-3

1. An Taj Mahal – Lùchairt fìor bhrèagha a chaidh a thogail leis an Ìmpire Shah Jahan mar chuimhneachan air a' bhean aige.

## C5-a1-bhidio1-4

2. A' gabhail cuairt ann an rickshaw tro na sràidean trang làn dhaoine agus làn fuaim.

## C5-a1-bhidio1-5

3. Ag ithe biadh sràide – biadh fìor nan Innseachan airson beagan sgillinnean air sràidean a' bhaile mhòir.

## C5-u1-bhidio1-6

4. Baile naomh Varanasi agus abhainn Ganges. 'S e baile spioradail nan Hinduach a th' ann am Varanasi agus tha an abhainn ainmeil Ganges a' ruith tron a' bhaile.

## C5-a1-bhidio1-7

5. An Teampall Lòtus ann an New Delhi – teampall eireachdail a chaidh a thogail ann an cruth flùr Lòtus.



---

**C5-a1-bhidio1-8**

6. A' faighinn pàirt ann am film Bollywood airson latha. Thèid mìle film a dhèanamh ann am Bollywood a h-uile bliadhna agus tha companaidhean film an-còmhnaidh a' coimhead airson *extras* às an Roinn Eòrpa. Chì thu sanasan air feadh a' bhaile agus ann an ostailean agus cafaidhean. Cha dèan thu fortan ga dhèanamh (mu dheich notaichean gach latha) ach abair cothrom inntinneach!

---

**C5-a1-bhidio1-9**

7. Dharamasala. Fhuair mi an cothrom mìorbhaileach èisteachd ri leasan bhon Dalai Lama anns a' bhaile seo ann an ceann a tuath na dùthcha

---

**C5-a1-bhidio1-10**

8. Udaipur – Venice nan Innseachan! Baile brèagha romantaigeach làn lùchairtean air an cuairteachadh le lochan.

---

**C5-a1-bhidio1-11**

9. A' tadhal air Slums Mhumbai, far an do dh'ionnsaich mi mòran mu dheidhinn bochdainn. Abair gu bheil sinne fortanach ann an Alba!

---

**C5-a1-bhidio1-12**

10. Tràighean àlainn a' chost an iar. Faodaidh tu gabhail air do shocair le deoch fhuar nad làimh air tè dhe na tràighean brèagha seo.

---

**C5-a1-bhidio1-13**

- Na h-Innseachan! Abair àite. Siuthad! Ma gheibh thu an cothrom, bu chòir dhut tighinn ann.



## C5-a1-bhidio2-1

### Earrann bhidio 2 an cois Eacarsaich

#### 16. Iapan

#### 17. Sealladh iongantach

#### agus 18. 'S e Mount Fuji a' bheinn as àirde

---

### C5-a1-bhidio2-2

Konnichiwa! Is mise Eubha Nic an t-Saoir. 'S ann à Uibhist a Deas a tha mi, ged a tha mi an-dràsta ag obair ann an Iapan. Tha mi air a bhith a' teagasg Beurla an seo airson mu ochd mìosan deug a-nis. Tha mi a' fuireach agus ag obair ann am baile beag air taobh sear na dùthcha, faisg air Tokyo. Tha e a' còrdadh rium cianail fhèin math, ach tha mi gu math trang agus cha d' fhuair mi an cothrom fhathast cus siubhail a dhèanamh timcheall na dùthcha. Nam biodh an cothrom agad tighinn gu Tokyo, seo còig de na rudan a mholainn dhut:

---

### C5-a1-bhidio2-3

A' chiad rud – Sabaid Sumo. 'S e sealladh iongantach a tha anns an spòrs nàiseanta Iapanach. Bidh na mìltean a' dol a choimhead air na co-fharpaisean mòra, nàiseanta anns an Fhaoilleach, anns a' Chèitean agus anns an t-Sultain a h-uile bliadhna.

---

### C5-a1-bhidio2-4

An dàrna rud – Skytree Tokyo. Aig còrr is sia ceud meatair a dh'àirde, 's e seo an togalach as àirde ann an Iapan agus an tùr as àirde air an t-saoghal! Faodaidh tu dìreadh suas an tùr agus chì thu seallaidhean brèagha de Tokyo air fad. Tha fiù 's bùthan agus taigh-bìdh shuas aig a' mhullach.

---

### C5-a1-bhidio2-5

An treas rud – Biadh traidiseanta. Tha biadh Iapanach air leth fallain agus uabhasach brèagha a' coimhead cuideachd. Ann an taigh-bìdh traidiseanta Iapanach, suidhidh tu air an làr aig bòrd ìosal agus ithidh tu le chopsticks.

---

### C5-a1-bhidio2-6

An ceathramh rud – Bùthan Tokyo. Tha bùthan gu leòr ann an Tokyo agus thig iad a rèir a h-uile pòcaid, ach chan eil e a' cosg sgillinn a bhith a' coimhead!



**C5-a1-bhidio2-7**

An còigeamh rud – Karaoke. Tha na h-lapanaich uabhasach measail air Karaoke. Tha taighean-seinnse agus rùmannan Karaoke gu math cumanta ann an Iapan. Siuthad! Gabh òran!

**C5-a1-bhidio2-8**

Mus till mi dhachaigh a dh'Alba aig deireadh na bliadhna, chòrdadh e rium tòrr a bharrachd fhaicinn. Mar eisimpleir:

**C5-a1-bhidio2-9**

An dàrna Buddha as motha ann an Iapan. Chaidh an ìomhaigh ainmeil seo a thogail anns an treas linn deug agus chì thu e anns an Teampall Naomh Kotoku-in.

**C5-a1-bhidio2-10**

Pàirc nam muncaidhean sneachda ann an Jigokudani. Chòrdadh e rium na muncaidhean sneachda fhaicinn, a' gabhail air an socair anns an uisge theth anns a' phàirc seo.

**C5-a1-bhidio2-11**

Pàirc Hiroshima. Bhiodh e inntineach a dhol dhan phàirc seo. Tha i ann mar chuimhneachan air na mìltean a chaidh a mharbhadh nuair a thuit boma niuclasach air a' bhaile aig deireadh an dàrna cogaidh anns a' bhliadhna naoi ceud deug ceathrad 's a còig.

**C5-a1-bhidio2-12**

Mount Fuji – 'S e Mount Fuji a' bheinn as àirde ann an Iapan. 'S e bholcàno a th' ann agus tha i beò fhathast! Bidh tòrr luchd-turais ga sreap, ach ma tha thu ro leisg agus ma tha airgead gu leòr agad, faodaidh tu a' bheinn fhaicinn bho heileacoptair!

**C5-a1-bhidio2-13**

Trèanaichean 'Bullet' Iapan – Bu toigh leam cuairt a ghabhail air feadh Iapan air fear de na trèanaichean as luaithe air an t-saoghal.



## C5-a1-bhidio3-1

**Earrann bhidio 3 An cois:**

**Eacarsaich 26. Afraga a Deas**

**Eacarsaich 27. Ag obair gu saor-thoileach**

**agus Eacarsaich 28. Tha an t-uabhas ri dhèanamh agus ri fhaicinn**

### C5-a1-bhidio3-2

Hi! Is mise Marc. Thàinig mi a dh'Afraga a Deas o chionn beagan mhìosan a dh'obair gu saor-thoileach ann am pàirc nàiseanta Limpopo. Tha mi air tòrr ionnsachadh! Bidh mi an-ath-bhliadhna a' dol gu Ollthigh Ghlaschu a thrèanadh a bhith nam bheat.

Tha Afraga a Deas mòr, brèagha, càirdeil agus làn cultair agus eachdraidh. Tha an t-uabhas ri dhèanamh agus ri fhaicinn ann: beanntan mòra, bailtean, tràighean brèagha, pàircean nàiseanta agus gu dearbha na beathaichean mòra, fiadhaich, ainmeil. Tha cothroman obrach gu leòr ann do dhaoine òga a tha airson obair carthannais agus obair shaor-thoileach a dhèanamh, mar a tha mise.

Tha mi fhìn air a bhith cho trang le obair nach do rinn mi cus siubhail fhathast, ach tha mi an dòchas gum bi tìde agam beagan siubhail a dhèanamh timcheall na dùthcha nuair a bhios mo thrì mìosan ann an Limpopo seachad.

Seo deich de na rudan as fheàrr a tha luchd-siubhail eile air moladh dhomh a dhèanamh agus fhaicinn mus tèid mi dhachaigh.

### C5-a1-bhidio3-3

1. Fàsach a' Khalahari – Bu chòir dhut na seallaidhean àlainn agus beathaichean fiadhaich a' Khalahari fhaicinn. Chì thu aillbheanan, siorafan, sròn-adharcaich, seabhrathan, leòmhanan, sìotathan agus tòrr a bharrachd eile ann.

### C5-a1-bhidio3-4

2. Soweto – 'S e seo an t-iomall-bhaile bochd as motha ann an Afraga a Deas far a bheil mu dhà mhillean neach a' fuireach. Tha Soweto na eisimpleir air cò ris a tha beatha coltach dhan a' mhòr-chuid de dhaoine dubha ann an Afraga a Deas.

### C5-a1-bhidio3-5

3. An Taigh-tasgaidh Apartheid ann an Johannesburg. Cha bu chòir dhut Afraga a Deas fhàgail gun tadhal air an àite seo. Anns an taigh-tasgaidh ainmeil seo ionnsaichidh tu mun t-seann shiostam phoilitigeach a bha a' cumail nan daoine geala agus nan daoine dubha air falbh bho chèile. Bha an siostam uabhasach mì-chothromach. Bha na daoine geala a' riaghladh agus na daoine dubha air an cumail sìos.



---

**C5-a1-bhidio3-6**

4. Beanntan mòra Drakensburg – seo an t-àite dhut ma tha ùidh agad ann an coiseachd, sreap, campachadh agus beathaichean fiadhaich.

---

**C5-a1-bhidio3-7**

5. Na gàrraidhean-fiona –Tha Afraga a Deas ainmeil airson fion a dhèanamh. Tha na mìltean de ghàrraidhean-fiona air feadh na dùthcha – gu h-àraid timcheall air Cape Town ann an iar-dheas na dùthcha. Faodaidh tu cuairt a ghabhail timcheall air cuid dhiubh agus blasad fhaighinn air an fhion a tha iad a’ dèanamh. Slàinte!

---

**C5-a1-bhidio3-8**

6. Prìosan Robben Island. Seo far an robh Nelson Mandela na phrìosanach poilitigeach airson seachd bliadhna air fhichead.

---

**C5-a1-bhidio3-9**

7. Rathad a’ Ghàrraidh – faigh càr no bhana campachaidh air mhàl agus dràibh an trì cheud cilemeatair sìos Rathad a’ Ghàrraidh air cost àlainn an ear-dheas. Tha na seallaidhean dìreach eireachdail!

---

**C5-a1-bhidio3-10**

8. Dàibheadh còmhla ri cearbanan mòra, geala – Faodaidh tu snàmh ann an cèidse air do chuirteachadh leis na creutairean mòra, eagalach seo.

---

**C5-a1-bhidio3-11**

9. Drochaid Bhloukrans – dèan an leum bungee as àirde air an t-saoghal far Drochaid Bhloukrans.

---

**C5-a1-bhidio3-12**

10. Beinn a’ Bhùird no Table Mountain. Tha i seo na sealladh ainmeil ann an Afraga a Deas. Ma tha thu èasgaidh, faodaidh tu a dhol suas ann an carbad-càbaill agus tighinn a-nuas air ròp!
- 



### C5-a1-bhidio3-13

Tha leth-cheud 's a ceithir millean neach a' fuireach ann an Afraga a Deas agus tha iad a' feitheamh ri fàilte mhòr, chridheil a chur ort. Siuthad! Thig a dh'Afraga a Deas am-bliadhna!

---

